

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleane@bbc.co.uk. This is Litir 602. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 298 corresponds to Litir 602.

Ann an seachd ceud deug, leth-cheud 's a còig (1755), thòisich Alasdair MacPhàrlain às an Arar air eadar-theangachadh dhen Tiomnadh Nuadh gu Gàidhlig na h-Alba. Roimhe sin, 's e am Bìoball Èireannach, ann an clò Ròmanach, a bha na Gàidheil Albannach a' cleachdadh. Ach trì bliadhna às dèidh sin, cha robh MacPhàrlain air mòran adhartais a dhèanamh. Thug an SSPCK am pròiseact don mhinistear ann an Cill Fhinn ann an Siorrachd Pheairt, An t-Urramach Seumas Stiùbhart. **Thug esan an obair gu buil** ann an seachd ceud deug, seasgad 's a seachd (1767).

Chaidh *Tiomnadh Nuadh ar Tighearna agus ar Slanuigh-fhir Iosa Crìosd: Eidir-theangaicht' o'n Ghreugais chum Gaidhlig Albannaich* fhoillseachadh ann an Dùn Èideann. Chaidh deich mìle lethbhreac dheth a chlà-bhualadh. Dh'fhaodadh Gàidheil Albannach na sgrìobtaran a leughadh nan cànan fhèin. Bha aca ri feitheamh fada ro fhada, ge-tà. Nochd an Tiomnadh Nuadh Gàidhlig dà cheud bliadhna às dèidh an Tiomnadh Nuaidh ann an Cuimris. Bha e còrr is ceud is seachdad bliadhna às dèidh an Tiomnadh Nuaidh ann an Gàidhlig na h-Èireann.

Rugadh Seumas Stiùbhart ann an seachd ceud deug (1700) no seachd ceud deug 's a h-aon (1701) ann an Gleann Fhionnghlais anns na Tròiseachan. Thòisich e mar mhinistear ann an Cill Fhinn ann an seachd ceud deug, trithead 's a seachd (1737).

Gu h-inntinneach, fhuair e taic na obair bho Shomhairle MacIain – an Sasannach ainmeil – a sgrìobh don SSPCK, gan càineadh airson a bhith a' diùltadh na sgrìobtaran a theagasg do na Gàidheil nan cànan fhèin. Mhol MacIain Seumas Stiùbhart airson na bha e a' dèanamh mar eadar-theangair. Agus fhuair Tòmas Pennant, am fear-siubhail agus sgrìobhadair Cuimreach, mòran fiosrachaidh mu mhuinntir na Gàidhealtachd bho Sheumas Stiùbhart. Mhol esan am ministear cuideachd, anns an ro-ràdh don leabhar aige mu shiubhal ann an Alba.

Bha Seumas Stiùbhart beò airson dà bhliadhna fichead às dèidh dha crìoch a chur air an Tiomnadh Nuadh. Ach, nuair a chaochail e, bha mòran lethbhreac dhen leabhar fhathast ann an stòras na h-Eaglaise, nach deach a sgaoileadh don phoball.

Chan eil mi cinnteach an robh an Stiùbhartach cho cliùmhòr 's a bu chòir oir, ged a chaidh a thiodhlacadh anns a' chladh ann an Cill Fhinn, cha deach clach-uaike a thogail dha. Ceud bliadhna às dèidh a bhàis, ge-tà, thog Comunn Gàidhealach Pheairt carragh-cuimhne dha taobh a-muigh na h-eaglais aige ann an Cill Fhinn. Tha i ann fhathast.

Bha an SSPCK fhathast dhen bheachd gun gabhadh a' Ghàidhlig a chleachdadh airson litearrachd ann am Beurla a thoirt am feabhas. Ann an seachd ceud deug, seachdad 's a sia

(1776) chuir iad romhpa an Seann Tiomnadh a thionndadh gu Gàidhlig. 'S e fear de na daoine a bha an sàs anns a' phròiseict an t-Oll Urr Iain Stiùbhart, Ministear ann an Lus, am mac a bu shine aig Seumas Stiùbhart.

Chaidh crìoch a chur air an t-Seann Tiomnadh ann an ochd ceud deug 's a h-aon (1801) agus chaidh ochd mìle deug lethbhreac dheth a chlà-bhualadh dà bhliadhna às dèidh sin. Mu dheireadh thall, bha am Bìoball air fad ann an Gàidhlig.

* * * * *

Faclan na Litreach: Tiomnadh Nuadh: *New Testament*; Cill Fhinn: *Killin (Perthshire)*; An t-Urramach Seumas Stiùbhart: *Rev James Stuart (also given as Stewart)*; sgrìobtaran: *scriptures*; Somhairle MacIain: *(Dr) Samuel Johnson*; mhol: *praised*; ro-ràdh: *foreword*; clach-uaighe: *gravestone*; Lus: *Luss [on Loch Lomondside]*; Seann Tiomnadh: *Old Testament*.

Abairtean na Litreach: Alasdair MacPhàrlain às an Arar: *Alasdair MacFarlane from Arrochar*; cha robh X air mòran adhartais a dhèanamh: *X had not made much progress*; am Bìoball Èireannach, ann an clò Ròmanach: *the Irish [Gaelic] Bible in Roman (Latin) type*; chaidh deich mìle lethbhreac dheth a chlà-bhualadh: *ten thousand copies of it were printed*; bha aca ri feitheamh fada ro fhada, ge-tà: *they had to wait far too long, however*; dà cheud bliadhna às dèidh an Tiomnadh Nuaidh ann an Cuimris: *two hundred years after the New Testament [appeared] in Welsh*; Gleann Fhionnghlais anns na Tròiseachan: *Glen Fin(g)las in the Trossachs*; an Sasannach ainmeil: *the famous Englishman*; gan càineadh airson a bhith a' diùltadh na sgrìobtaran a theagasg: *criticizing them for refusing to teach the scriptures*; am fear-siubhail agus sgrìobhadair Cuimreach: *the Welsh traveller and writer*; airson dà bhliadhna fichead às dèidh dha crìoch a chur air: *for 22 years after he had finished*; nach deach a sgaoileadh don phoball: *which were not [had not been] distributed to the populace*; cho cliùmhòr 's a bu chòir: *as celebrated as he should [have been]*; ged a chaidh a thiodhlacadh anns a' chladh: *although he was buried in the graveyard*; às dèidh a bhàis: *after his death*; gun gabhadh a' Ghàidhlig a chleachdadh: *that Gaelic could be used*; airson litearrachd ann am Beurla a thoirt am feabhas: *to improve literacy in English*; chaidh ochd mìle deug lethbhreac dheth a chlà-bhualadh dà bhliadhna às dèidh sin: *18,000 copies of it were printed two years after that*.

Puing-chànain na Litreach: *If you go to Killin in Perthshire, make sure you stop outside the Church of Scotland and have a look at the monument to one of Gaelic Scotland's most significant figures – Rev James Stuart, first translator of the New Testament into Scottish Gaelic. Here's what's inscribed on his “carragh-cuimhne” in Gaelic. See if you can translate it: AN CUIMHNE AIR AN DIADHAIR URRAMACH, SEUMAS STIUBHARD, MINISTEAR CHILL-FHINN, RE DHADHEUG AGUS DA FHICHEAD BLIADHNA, 1737 GU 1789, CEUD EADAR-THEANGAIR AN TIOMNAIDH NUAIDH GU GAIDHLIG ALBANNAICH, THOGADH AN CARRAGH SEO LE COMUNN GAIDHEALABH PHEAIRT AGUS LE CAIRDEAN AM BRAIDALBAINN S AN CEARNAIBH EILE O AM BHEIL AINM-SAN CAOMH, RUGADH E 1700, CHAOCHAIL E 1789.*

Gnathas-cainnt na Litreach: **Thug esan an obair gu buil:** *he completed the work.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA